

<p><b>Co-chomhairleachadh aig Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba air Riaghailtean Clàraidh Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig (ceisteachan air-loidhne) 05 Faoilleach 2022</b></p>	<p><b>General Teaching Council of Scotland Registration Rules Consultation Response by Bòrd na Gàidhlig (online questionnaire) 05 January 2022</b></p>
<p><b>4. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bi Clàr an Luchd-teagaisg air a dhèanamh suas de na roinnean-seòrsa a leanas: Foghlam Bun-sgoile; Foghlam Cuspair Àrd-sgoile; agus Foghlam Adhartach.</b> “Thathar ag aontachadh gu làidir”</p> <p><b>5. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> Tha sinn a’ toirt fa-near gum faodadh Clàradh “Bun-sgoile” a bhith a’ gabhail a-steach libhrigeadh taobh a-staigh an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheann, ach tha clàradh airson “Cuspair Àrd-sgoile” a’ gabhail a-steach luaidh nach eil cho soilleir a thaobh a’ chomais a bhith ga theagasg ann an “co-theacsaidhean eile” –tha an dà chuid dhiubh ag ainmeachadh gum biodh seo “a chum leas luchd-ionnsachaidh sònraichte”. Tha sinn a’ moladh gu bheil barrachd soilleireachd a dhìth an seo. A bheil e air iarraidh gum faodadh an comas a thoirt do thidsear a tha clàraichte airson cuspair àrd-sgoile a bhith a’ teagasg a’ chuspair aca taobh a-staigh suidheachadh Bun-sgoile sònraichte m.e. P7 far am faodadh an luchd-ionnsachaidh sònraichte a bhith uile nan clann a tha ann am P7 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG)? Nan robhar a’ leasachadh ghnothaichean gus am faodadh litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd a bhith air an libhrigeadh taobh a-staigh an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheann le luchd-teagaisg a bha clàraichte airson na Bun-sgoile, dh’fhaodadh sin buaidh chuideachail a thoirt air an raon Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, mar thoradh air na cùisean làithreach air feadh an raoin san fharsaingeachd agus leis cho cudromach ‘s a tha e gum bithear a’ libhrigeadh bogadh sa chànan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil. Tha sinn a’ moladh gum bu chòir do bhuidhnean nàiseanta (leithid Bòrd na Gàidhlig, Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba agus Foghlam Alba) co-chomhairleachadh a dhèanamh còmhla gus comhairle nàiseanta a bharrachd</p>	<p><b>4. GTC Scotland propose that the Register of Teachers will consist of the following categories of registration: Primary Education; Secondary Subject Education and Further Education.</b> “Strongly agree”</p> <p><b>5. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> We noted that "Primary" Registration includes potential delivery within the BGE whilst "Secondary Subject" registration includes a less clear comment on the potential to teach in "other contexts" - with both noting "in the interests of specific learners". We would suggest greater clarity is required here. Is the intention to enable a secondary subject registered teacher to teach their subject within a designated Primary Education setting e.g., P7 where the specific learners may be all children in the Gaelic-medium Education (GME) P7? The development of BGE delivery of literacy, numeracy and HWB from Primary Registered teachers could impact positively on the GME sector, given the current issues across the sector as a whole and the importance of continuing immersion delivery within GME secondary provision. We would propose that national agencies (such as Bòrd na Gàidhlig, GTCS and Education Scotland) consult together on additional national advice regarding best practice. Should the change be implemented, we will be happy to lead further discussions on appropriate support for the GME sector.</p>

a thoirt seachad a thaobh cleachdadh as fheàrr. Nan robhar a' cur leithid a dh'atharrachadh an gnìomh, bhiomaid toilichte barrachd chòmhradh a threòrachadh a thaobh taic iomchaidh don raon FMG.

**6. Tha na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh do na roinnean-seòrsa clàraidh a' coileanadh an amais aig Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba gum bithear a' dèanamh cinnteach gu bheil Clàr an Luchd-teagaisg a' comharrachadh siostam-foghlaim na h-Alba.**

“Chan eilear ag aontachadh”

**7. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

San fharsaingeachd, tha na roinnean-seòrsa a' toirt seachad structar co-thàthach, ach chaidh eileamaid dheatamach ann am foghlam na h-Alba a dhearmad - 's e sin cànan an libhrigidh. Ann an Alba, tha foghlam air a libhrigeadh an dara cuid tro mheadhan na Beurla no tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn a' moladh gum bu chòir gu bheil gach roinn-seòrsa a' gabhail a-steach peilear a bharrachd, far a bheil am bun-bheachd bunaiteach seo air aithneachadh taobh a-staigh foghlam na h-Alba m.e., \* An dara cuid tro mheadhan na Beurla no na Gàidhlig.

**8. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bi iadsan a tha clàraichte fon roinn-seòrsa Foghlam Bun-sgoile air an clàradh gu bhith a' teagasg:**

- iomlanachd a' churraicealaim airson tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne agus airson na bun-sgoile, bho thràth-ionnsachadh is cùram-chloinne suas gu P7;
- litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd tarsainn an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheann ann an co-theacsaichean eile a chum leas luchd-ionnsachaidh sònraichte.

“Thathar ag aontachadh”

**9. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Tha sinn air luaidh a dhèanamh mar-thà air a' chomas gum faodadh an sònrachadh seo buaidh shònraichte a thoirt air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus, mar a chaidh ainmeachadh, bhiomaid toilichte barrachd

**6. The proposed changes to registration categories meet GTC Scotland's aim to ensure the Register of Teachers reflects the Scottish education system.**

“Disagree”

**7. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

Overall, the categories provide a coherent structure however a crucial element in Scottish Education has been omitted - the language of delivery. In Scotland education is delivered either through the medium of English or through the medium of Gaelic. We recommend that each category includes a further bullet point, recognising this fundamental concept within Scottish Education e.g., \* Either through the medium of English or Gaelic.

**8. GTC Scotland propose that individuals registered in the category of Primary Education will be registered to teach:**

- the entirety of the early learning and childcare and primary curriculum from early learning and childcare through to primary 7;
- literacy, numeracy and health and wellbeing across Broad General Education in other contexts in the interests of specific learners.

“Agree”

**9. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We have already commented on the potential for the definition to have a specific impact on GME and as stated we will be happy to lead further consideration of how this can improve provision.



cnuasachaidh a threòrachadh air mar a dh'fhaodadh seo piseach a thoirt air gnothaichean.

**10. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bi iadsan a tha clàraichte fon roinn-seòrsa Foghlam Cuspair Àrd-sgoile air an clàradh gu bhith a' teagasg:**

- a' chuspair shònraichte chlàraichte aca mar phàirt de churraicealam na h-àrd-sgoile tarsainn iomlanachd an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheann agus na h-Ìre as Àirde;
- a' chuspair shònraichte chlàraichte aca ann an co-theacsaichean eile a chum leas luchd-ionnsachaidh sònraichte;
- sgilean airson ionnsachadh, beatha is cosnadh, ionnsachadh eadar-chuspaireil agus uallaichean airson uile mar phàirt de churraicealam na h-àrd-sgoile.

“Neodrach”

**11. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Mar a chaidh ainmeachadh, bidh e cudromach soilleireachd fhaighinn air dè dh'fhaodadh a bhith nan “co-theacsaichean eile”. Tha seo a' toirt buaidh gu h-àraid air solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, far am feumar barrachd planadh ro-innleachdail a dhèanamh airson tairgsean curraicealam sa bhun-sgoil is san àrd-sgoil agus airson eadar-ghluasadan eatarra. Mar thoradh air sin, ann an co-dhùnaidhean air mar a chuirear luchd-teagaisg gu feum agus mar a chuirear an curraicealam ri chèile, dh'fhaodte gum bi feum ann air eadar-theachd ro-innleachdail a bharrachd an dà chuid aig ìre na sgoile agus aig ìre an Ùghdarrais Ionadail.

**12. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bi iadsan a tha clàraichte fon roinn-seòrsa Foghlam Adhartach air an clàradh gu bhith a' teagasg:**

- a' chuspair no speisealachd dreuchdail aca tarsainn iomlanachd an fhoghlaim adhartach;
- sgilean airson ionnsachadh, beatha is cosnadh, ionnsachadh eadar-chuspaireil agus uallaichean airson uile mar phàirt de churraicealam an fhoghlaim adhartach;

**10. GTC Scotland propose that individuals registered in the category of Secondary Subject Education will be registered to teach:**

- their specific registered subject as part of the secondary curriculum across the entirety of the Broad General Education and Senior Phase;
- their specific registered subject in other contexts in the interests of specific learners;
- skills for learning, life and work, interdisciplinary learning and responsibilities for all as part of the secondary curriculum.

“Neutral”

**11. If you wish to comment on the above proposal, please do so below**

As stated clarity on what might constitute "other contexts" will be important. This particularly impacts on GME provision where Primary and Secondary curriculum offers and transitions often require a greater degree of strategic planning. Consequently, deployment of the teaching force and the construct of the curriculum may require additional strategic intervention at both school and Local Authority level.

**12. GTC Scotland propose that individuals registered in the category of Further Education will be registered to teach:**

- their subject or vocational specialism across the entirety of further education;
- skills for learning, life and work, interdisciplinary learning and responsibilities for all as part of further education;
- their subject or vocational specialism within



- a' chuspair no speisealachd dreuchdail aca taobh a-staigh an Ìre as Àirde de churraicealam foghlam na h-àrd-sgoile mar phàirt de dh'ullachaidhean com-pàirteachais a chaidh aontachadh eadar sgoil is colaiste far a bheil tidsear an fhoghlaim adhartach a' cur ri fàth ionnsachaidh sònraichte agus a' leudachadh tairgse a' churraicealaim a chum leas an luchd-ionnsachaidh mar phàirt de sholar iomlan foghlam na h-Ìre as Àirde san sgoil agus fo stiùireadh solaraiche an fhoghlaim-sgoile.

“Thathar ag aontachadh”

**13. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Mar a chaidh ainmeachadh, tha sinn a' moladh gum bu chòir gum bi clàradh uile a' comharrachadh lìbhrigeadh ann am Foghlam na h-Alba, agus mar sin thathar a' toirt fa-near gu bheil ga lìbhrigeadh an dara cuid/an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Nan robh comas aig tidsear a bha clàraichte airson Foghlam Adhartach a bhith a' cur ri foghlam taobh a-staigh na h-Ìre as Àirde de dh'àrd-sgoil, dh'fhaodadh sin a bhith a' fosgladh suas na tha comasach taobh a-staigh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, agus bhiomaid a' moladh gum bu chòir seo a ghabhail a-steach ann an co-chomhairleachadh eadar-bhuidhneil sam bith.

**14. Bhiodh an t-atharrachadh a thathar a' moladh a' sgar na roinn-seòrsa Feumalachdan Taice A Bharrachd, a tha ann an-dràsta.**

“Thathar ag aontachadh”

**15. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Tha sinn ag aithneachadh nam bun-bheachdan a tha air chùlaibh an atharrachaidh seo, agus tha sinn a' toirt fa-near agus a' cur fàilte air a' bhun-bheachd gum bi Speisealachd Chreideasach ann, nì air an dèan sinn luaidh a bharrachd ann am freagairtean eile (a thaobh an raoin Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig).

**16. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bithear ag aithneachadh teisteanasan thidsearan ann am feumalachdan taice a bharrachd, agus raointean speisealach eile, tro phròiseas de chlàradh meudaichte.**

the senior phase of the secondary education curriculum as part of agreed school and college partnership arrangements where the teacher of further education is contributing to a specific learning purpose and extending the curriculum offer in the interest of learners as part of learners' overall provision of school senior phase education and is supervised by the provider of school education.

“Agree”

**13. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

As noted, we recommend all registration reflects delivery in Scottish Education, which therefore notes delivery in either / both Gaelic and English. The provision, potentially, of input from an FE Registered teacher within the Senior Phase provision of a Secondary School opens up possibilities within GME and we would recommend this is included in any interagency consultation.

**14. The proposed change is to cease the existing category of Additional Support Needs.**

“Agree”

**15. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We recognise the concepts behind this change and note positively the idea of an Accredited Specialism, which we will refer to in further responses (in relation to the GME Sector)

**16. GTC Scotland propose to recognise a teacher's qualifications in additional support needs, and other specialist areas through a process of registration enhancement.**



<p>“Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>17. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> Bidh sinn a’ freagairt ris an earrann air clàradh meudaichte leis na tha sinn ag ràdh mu dheidhinn solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.</p> <p><b>18. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh, gus fireantachd Clàr an Luchd-teagaisg a dhìon, nach bu chòir a bhith a’ toirt seachad clàradh Sealadach (Cumhach) tuilleadh.</b></p>	<p>“Agree”</p> <p><b>17. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> We will respond to registration enhancement section with comments around GME provision.</p> <p><b>18. GTC Scotland propose that in order to protect the integrity of the Register of Teachers, the status of Provisional (Conditional) registration should no longer be issued.</b></p>
<p>“Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>19. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> “Chan eil seo buntainneach”</p>	<p>“Agree”</p> <p><b>19. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> “n/a”</p>
<p><b>20. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gun dùinear an inbhe Clàradh Iomlan (Neach-compàirt) agus gum bi sinn a’ dèanamh lèirmheas air mar a tha Ùrachadh Proifeasanta ag obair ann an cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e freagarrach.</b></p>	<p><b>20. GTC Scotland propose that the Full Registration (Associate) status is closed and that we review the practical operation of Professional Update to ensure it is fit for purpose.</b></p>
<p>“Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>21. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> “Chan eil seo buntainneach”</p>	<p>“Agree”</p> <p><b>21. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> “n/a”</p>
<p><b>22. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bi dà inbhe clàraidh ann airson nan roinnean-seòrsa Foghlam Bun-sgoile agus Foghlam Cuspair Àrd-sgoile: Clàradh Sealadach agus Clàradh Iomlan</b></p>	<p><b>22. GTC Scotland propose that there are two registration status for the Primary Education and Secondary Subject Education categories of registration: Provisional Registration and Full Registration.</b></p>
<p>“Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>23. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> “Chan eil seo buntainneach”</p>	<p>“Agree”</p> <p><b>23. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> “n/a”</p>
<p><b>24. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bithear a’ leudachadh raon-ùghdarras nan teisteanas teagaisg a tha a’ coileanadh nan</b></p>	<p><b>24. GTC Scotland propose to broaden the scope of teaching qualifications that meet registration criteria in the category of further education.</b></p>



<p><b>riatanasan clàraidh san roinn-sheòrsa Foghlam Adhartach.</b>  “Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>25. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b>  Tha sinn a’ moladh gum bu chòir tuilleadh cnuasachaidh a dhèanamh air a’ chomas airson barrachd libhrigidh tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh raon an Fhoghlaim Adhartaich. Tha sinn air co-chomhairleachadh eadar-bhuidhneil a mholadh, mar thoradh air frèam-obrach ùr sam bith a thig a-steach airson clàradh ann an Alba, agus tha sinn a’ moladh gum bu chòir Sabhal Mòr Ostaig (agus solaraichean Foghlaim Adhartaich eile a tha buntainneach) a bhith air an gabhail a-steach mar luchd-co-chomhairleachaidh.</p> <p><b>26. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bithear a’ cur air dòigh ullachadh eadar-amail/seanaireach airson bòrdachadh Clàr an Luchd-teagaisg a thaobh an fheachd-obrach de dh’òraidichean a bha air am fastadh air no ro 1 Giblean 2019.</b>  “Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>27. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b>  “Chan eil seo buntainneach”</p> <p><b>28. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bi feum aig òraidiche sam bith a chaidh a chur an dreuchd air no an dèidh 1 Giblean 2019 air teisteanas teagaisg aithnichte no dearbhaichte mus tèid an inntigeadh ann an Clàr an Luchd-teagaisg mar thidsear foghlaim adhartaich.</b>  “Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>29. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b>  “Chan eil seo buntainneach”</p> <p><b>30. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bi dà inbhe clàraidh ann airson na roinn-seòrsa Foghlam Adhartach: Clàradh Eadar-amail agus Clàradh Iomlan</b>  “Thathar ag aontachadh”</p>	<p>“Agree”</p> <p><b>25. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b>  We recommend that the potential for developing greater delivery through the medium of Gaelic within the FE Sector is reflected on further. We have proposed an inter-organisation consultation as a consequence of any new registration framework for Scotland and we would propose that Sabhal Mòr Ostaig (and other relevant FE providers) are included as consultees.</p> <p><b>26. GTC Scotland propose that a transitional/grandparenting arrangement is put in place for the onboarding onto the Register of Teachers of the lecturing workforce employed on and prior to 1 April 2019.</b>  “Agree”</p> <p><b>27. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b>  “n/a”</p> <p><b>28. GTC Scotland propose that any lecturer appointed on or after 1 April 2019 will require a recognised or validated teaching qualification for entry to the Register of Teachers as a teacher of further education.</b>  “Agree”</p> <p><b>29. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b>  “n/a”</p> <p><b>30. GTC Scotland propose that there are two registration status for the Further Education category of registration: Interim Registration and Full Registration.</b>  “Agree”</p>
--	---



<p><b>31. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> “Chan eil seo buntainneach”</p> <p><b>32. Ma thathar ag iarraidh a bhith clàraichte air Clàr an Luchd-teagaisg, tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum feum teisteanas teagaisg a bhith acasan a fhuair teisteanas taobh a-muigh Alba (a' ciallachadh gu bheil iad air foghlam teagaisg a choileanadh a tha coimeasach ris na tha riatanach air tidsear a fhuair teisteanas ann an Alba) agus gum feum teisteanasan acadaimigeach a bhith aca mar a thathar a' mìneachadh ann am Pàipear-taice 2 de na Riaghailtean.</b> “Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>33. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> Tha sinn ag aontachadh ris a' mholadh san fharsaingeachd. Tha sinn a' moladh gun dèanar barrachd cnuasachaidh air mar a bheirear barrachd soilleireachd a thaobh sholaran a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba (m.e. teisteanasan Canèidianach leithid nan teisteanasan a gheibhear bho Oilthigh Naomh Francis Xavier ann an Nova Scotia).</p> <p><b>34. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh cuideachd, far a bheilear a' coileanadh nan riatanasan a gheibhear gu h-àrd, gun tèid iadsan a fhuair teisteanas taobh a-muigh Alba a chur air a' chlàr a rèir nan teisteanasan aca a thaobh nan riatanasan airson clàradh agus nam mìneachaidhean airson gach roinn-seòrsa de chlàradh mar a thathar a' cur an cèill sna Riaghailtean.</b> “Thathar ag aontachadh”</p> <p><b>35. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.</b> “Chan eil seo buntainneach”</p> <p><b>36. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bu chòir gu bheil Frèam-obrach Clàraidh A Bharrachd ann a bhios a' leigeil le tidsear clàraichte roinn-seòrsa a bharrachd a chur ris a' chlàradh aca. Bu chòir gum bi am frèam-obrach seo nas soilleire agus nas</b></p>	<p><b>31. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> “n/a”</p> <p><b>32. To be registered on the Register of Teachers, GTC Scotland propose that individuals who qualified outside Scotland must hold a teaching qualification (meaning they have completed teacher education comparable to that required of a teacher qualified in Scotland) and have academic qualifications as outlined in Schedule 2 of the Rules.</b> “Agree”</p> <p><b>33. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> We agree with the proposal in general. We recommend some further reflection on establishing clarity regarding provision that may impact on GME in Scotland (e.g., Canadian qualifications such as those provided by St. Francis Xavier University in Nova Scotia).</p> <p><b>34. GTC Scotland then propose that, if the criteria above have been met, individuals who qualified outside Scotland will be placed on the register according to their qualifications in line with the requirements for registration and definitions for each category of registration set out in the Rules.</b> “Agree”</p> <p><b>35. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.</b> “n/a”</p> <p><b>36. GTC Scotland propose that there should be an Additional Registration Framework to allow a registered teacher to add another category to their registration. This framework should be</b></p>
--	---



**so-ruigsinnich na tha an siostam làithreach airson Clàradh Proifeiseanta.**

“Thathar ag aontachadh”

**37. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Tha sinn ag aontachadh leis a’ mholadh agus tha sinn a’ toirt fa-near a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith air a’ phìolat airson Teisteanas Teagaisg A Bharrachd a tha air a mhaoineachadh leis a’ Bhòrd agus air a lìbhrigeadh le Oilthigh Shrath Chluaidh. Bithear a’ measadh a’ phìolat aig deireadh 2022. Thathar an dòchas gum bithear a’ leudachadh a’ phìolat, a rèir a’ mheasaidh.

**38. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a’ moladh gum bithear a’ cruthachadh Frèam-obrach Speisealachdan Creideasaidhte, stèidhte air teisteanasan, a bhios a’ leigeil le tidsearan clàraichte raon speisealachd, no raointean speisealachd, a chur ris a’ chlàradh aca.**

“Thathar ag aontachadh”

**39. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Tha sinn a’ moladh gum bu chòir gum bi slighe aithnichte ann sam faodadh tidsearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith a’ faighinn Speisealachd Chreideasaidhte ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. An-dràsta, chan eil Teisteanas aithnichte ann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig airson tidsearan. Tha a’ mhòr-chuid de thidsearan FMG air an clàradh airson an raoin agus/no a’ chuspair aca agus tha fileantachd gu leòr aca sa Ghàidhlig gus an curraicealam a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig (chan eil measadh foirmeil air seo an-dràsta). Airson na mòr-chuid de thidsearan FMG, tha Gàidhlig aca mar an ciad chànan. Tha sinn a’ moladh gum bu chòir gum bi Speisealachd Chreideasaidhte ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air aithneachadh gu sònraichte tro na leanas:

1. Teisteanasan air an solarachadh tro thùs-thrèanadh thidsear aig SMO no Oilthigh Shrath Chluaidh no tron Cheum ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann.
2. Teisteanasan a bharrachd ceangailte ri FMG – thathar a’ beachdachadh air grunn leasachaidh an-dràsta. Tha sinn a’ moladh gum bu chòir gum bi an t-slighe airson

**clearer and more accessible than the current system for Professional Registration.**

“Agree”

**37. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We agree with the proposal and note the potential impact on the pilot Additional Teaching Qualification funded by the Bòrd and being delivered by the University of Strathclyde. The pilot will be evaluated at the end of 2022. It is hoped to extend the pilot subject to evaluation.

**38. GTC Scotland propose the creation of a qualification-based Accredited Specialism Framework to allow a registered teacher to add area(s) of specialism to their registration.**

“Agree”

**39. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We recommend that GME teachers have a recognised pathway to acquiring Accredited Specialism in GME. At present there is no recognised GME Qualification for Teachers. Most GME teachers are registered for their sector and/or subject and possess sufficient fluency in Gaelic to deliver the curriculum through the medium of Gaelic (there is no formal assessment of this at present). Most GME teachers have Gaelic as their first language. We recommend that Accredited Specialism in GME is recognised principally through the following:

1. Qualifications provided through GME Initial Teacher Education at SMO, University of Strathclyde or the University of Edinburgh Degree in Primary Education with Gaelic.
2. Additional qualifications relating to GME - there are some developments in discussion currently. We recommend that the Accredited Specialism route is open to a developing set of GME qualifications.





Speisealachd Chreideasichte fosgailte ri deannan theisteanasan FMG a thathar a' leasachadh.  
3. Thathar a' leasachadh mholaidhean airson teisteanasan a bharrachd ceangailte ri Ceannardas ann, agus air, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, agus tha sinn a' moladh gum bu chòir beachdachadh orra a thaobh Speisealachd Chreideasichte.

**40. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh atharrachaidhean a thaobh Inbhe Phroifeiseanta airson Ceannais-Sgoile, a' gabhail a-steach Pàipear-taice 3 a bharrachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil na Riaghailtean a' comharrachadh cleachdadh làithreach, slighean làithreach agus aithneachadh air an Inbhe Phroifeiseanta airson Ceannais-sgoile.**

“Thathar ag aontachadh”

**41. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Thug sinn fa-near, san fhreagairt mu dheireadh againn gu h-àrd, an comas a dh'fhaodadh a bhith aig an Speisealachd Chreideasichte ann an Ceannardas (FMG). Tha sinn a' moladh gum bu chòir gu bheil an co-theacsa sònraichte aig ceannardas ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air aithneachadh sna Riaghailtean. Dh'fhaodadh gum bi seo buntainneach ris an Inbhe Phroifeiseanta airson Ceannais-sgoile ann an co-theacsa Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no ri leasachadh theisteanasan ùra san àm ri teachd (leithid modal ann an Ceannardas FMG a tha freagarrach do bhuill de dh'àrd-sgioba ceannardais aig nach eil ach a' Bheurla ach air a bheil uallach ro-innleachdail airson FMG).

**42. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bi na Riaghailtean Clàraidh a' mìneachadh nan uallaichean is riathanasan a tha air luchd-clàraidh gus an clàradh aca a ghlèidheadh.**

'S iad na uallaichean is riathanasan seo:

- a' gabhail pàirt ann an siostam leantainneach de dh'ionnsachadh, lèirmheas is leasachadh proifeiseanta (Ùrachadh Proifeiseanta)
- a' cur fios gu Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba, gun dàil sam bith, mas ann 's:
  - gu bheil casaid ga cur às an leth, no gun d'

3. There are developing proposals relating to additional qualifications relating to Leadership in and of GME and we recommend that these may also be considered in relation to Accredited Specialism.

**40. GTC Scotland propose amendments relating to the Professional Standard for Headship, including an additional Schedule 3, to ensure the Rules reflect current practice, routes and recognition of Professional Standard for Headship.**

“Agree”

**41. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We noted the potential for Accredited Specialism in Leadership (GME) in our previous response. We recommend that the specific context of leadership in GME is provided for within the Rules. This may relate to Professional Standard for Headship acquired within the GME context or future development of new qualifications (such as a module in Leadership of GME for English-speaking members of a Senior Leadership Team, who have strategic responsibility for GME).

**42. GTC Scotland proposes that the Registration Rules detail the obligations and requirements for registrants in maintaining their registration.**

These obligations and requirements are:

- participating in a system of ongoing professional learning, review and development (Professional Update);
- notifying GTC Scotland, without delay, that they:
  - have been charged with or found



fhuaireadh iad ciontach, airson eucoir;  
- gu bheil iad an sàs ann am pròiseas diosaplaineach no ion-fhreagarrachd obrachaidh le buidheann phroifeiseanta eile no buidheann-riaghlaidh eile;  
- a' cur fios gu Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba gu bheil iad air am fastaiche, ainm no seòladh aca atharrachadh agus atharrachaidhean no leasachaidhean sam bith eile a tha a dhìth don chlàradh aca;  
- a' cumail orra a bhith nam ball den sgeama Dìon Bhuidhnean So-leònte agus a' cur ùrachaidhean gu Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba mar a thathar ag iarraidh orra.

“Thathar ag aontachadh gu làidir”

**43. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

Tha sinn a' moladh gum bu chòir gum bi tidsearan taobh a-staigh an raoin Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' nochdadh leasachadh sgil sònraichte a thaobh FMG mar eileamaid dheatamach ann an Ùrachadh Proifeiseanta. Dh'fhaodadh seo a ghabhail a-steach nochdadh gu bheilear a' cur an gnìomh ionnsachadh proifeiseanta a tha sònraichte don raon FMG agus/no leasachadh proifeiseanta a tha sònraichte do FMG, leithid barrachd eòlais a leasachadh air foghlam bogaidh.

**44. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh nach bi lèirmheas clàraidh air a thar-chur gu pròiseas a' phannail agus, an àite sin, gum bithear a' leantainn pròiseas lèirmheas foirmeil a-staigh mar a thathar a' mìneachadh sna Riaghailtean.**

“Thathar ag aontachadh”

**45. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a' mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

“Chan eil seo buntainneach”

**46. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a' moladh gum bithear a' fineachadh agus a' nuadhachadh an fhiosrachaidh a thathar a' cumail air a' chlàr, a' glèidheadh fiosrachadh mun fhadhadh a tha aig luchd-clàraidh an-dràsta agus a bha aca ron sin, gus comas a**

guilty of a criminal offence;  
- are subject to disciplinary or fitness to practice processes with another professional or regulatory body;  
- notifying GTC Scotland that they have changed employer, name and/or address and any other changes or amendments required to their registration record;  
- remaining a member of the PVG scheme and provide updates to GTC Scotland as requested.

“Strongly agree”

**43. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

We recommend that teachers within the GME sector demonstrate specific skill development relating to GME as an essential element in Professional Update. This may include demonstrating the application of particular professional learning to the GME sector and / or GME specific professional development, such as developing greater knowledge of immersion education.

**44. GTC Scotland propose that a registration review is no longer referred to the panel process and instead a formal internal review process will be followed as detailed in the Rules.**

“Agree”

**45. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

n/a

**46. GTC Scotland propose to refine and modernise the information that is held on its register retaining current and previous employment information to enable GTC Scotland's regulation function and better support election processes.**



thoirt don Chomhairle mar riaghladair agus taic nas fheàrr a thoirt do phròiseasan taghaidh.

“Thathar ag aontachadh”

**47. Ma tha sibh ag iarraidh luaidh a dhèanamh air a’ mholadh gu h-àrd, nach dèan sibh sin gu h-ìosal.**

“Chan eil seo buntainneach”

**48. Tha Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba an geall air dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas mar phàirt den obair uile aice. Nach innis sibh dhuinn ma tha sibh den bheachd gum bi gin de na molaidhean airson nan Riaghailtean Clàraidh ùra, mar a chaidh an cur an cèill sa cho-chomhairleachadh seo, a’ cruthachadh buaidh sam bith a thaobh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas - deagh bhuidh no droch bhuidh - air daoine fa leth ris am faodadh na riaghailtean a bhith a’ beantainn no a dh’fhaodadh a bhith gan cleachdadh.**

“Tha sinn ag aontachadh san fharsaingeachd ris na molaidhean a thaobh iomadachd.”

**49. Anns a’ bhogsa gu h-ìosal, nach toir sibh dhuinn beachdan a bharrachd sam bith eile a tha sibh ag iarraidh a chur gu Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba a thaobh nan atharrachaidhean a thathar a’ moladh ris na Riaghailtean air Clàradh agus Inbhean 2015 a tha ann an-dràsta.**

Tha sinn ag aithneachadh gur dòcha gum bi feum ann air còmhraidh is sgrùdadh a bharrachd air cuid de na cùisean a dh’ainmich sinn san fhreagairt againn. Bhiomaid glè thoilichte gus cuideachadh a thoirt don sgioba aig Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba ann a bhith a’ solarachadh frèam-obrach airson clàradh a tha a’ coileanadh feumalachdan gach cuid an raoin foghlam tro mheadhan na Beurla agus an raoin foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

“Agree”

**47. If you wish to comment on the above proposal, please do so below.**

n/a

**48. GTC Scotland is committed to ensuring equality, diversity, and inclusion in all its work. Please tell us if you consider any of the proposals for the new Registration Rules, as set out in this consultation, will create any equality, diversity, and inclusion impact(s) - positive or negative - on any individuals who may be affected by or utilise the rules.**

“We agree with proposals overall relating to diversity.”

**49. In the box below, please share any additional comments you may wish to provide GTC Scotland on the proposed amendments to the current Registration and Standards Rules 2015.**

We recognise that some of the issues we have identified in our response may require further discussion and exploration. We will be very happy to assist the team at GTCS in providing a framework for registration that meets the needs of both the English-medium and Gaelic medium sectors.

